

AN CLADH MÒR GHLASCHU - BAILE NAM MARBH

Tha an Cladh Mòr Ghlaschu air talamh ris an canar “Na Creagan” a chaidh a cheannach le Taigh nan Ceannaichean ann an 1650 agus bha e na phairc phoballach fad faisg air dà cheud bliadhna. Chaidh am bun-bheachd airson cladh-garraidh stèidheachadh air Cladh Père la Chaise an dèidh do ball Taigh nam Ceannaichean a bhith air turus do Pharais agus chaidh fhosgladh ann an 1833.

Bho thùs bha an cladh seo na h-àite eadar-chreideamh agus bha a’ cheud thiodhlagadh de Iùdach, Iosaph Levi a chaochail leis a’ bhuinneach agus chaidh a thiodhlagadh ann an Lann nan Iùdachan . Ann an 1833 thachair a’ cheud thiodhlagadh Crìosdail, Ealasaid Miles, a bha na muime de Seòras Mylne, an stiùireadair.

An dèidh 1860 bha a’ cheud leudachaidhean don tobh an ear agus taobh a deas a’ toirt a-steach an cuaraidh Tobair na Ban-tighearna agus ann an 1877 agus ann an 1892/3 chaidh stèidheachadh na leudaichean mu dhèireadh don tobh tuath agus don taobh ear-dheas a dhùblaich, cha mhòr, meud a’ chladh. Tha e a-nis na seachd acair deug air fhichead neo coig heactair deug.

Tha leth-cheud mìle tiodhlagaidhean air a bhith ann le trì mìle gu leth càirn-cuimhne. Tha na h-àitichean gorm, bàn nan uaighean gun chomharradh.

Ann an 1877 chaidh Allt a’ Mhuilinn, a’ sruthadh fo Drochaid nan Osnaichean, a dheànamh na shaibhear (chur fo thalamh). Tha an t-allt seo, far a bheil daoine ag radh gun robh an naomh Mungan ag iasgach airson bradain, a-nis fo thalamh fad an t-siùbhail don Abhainn Chluaidh.

Tha an Cladh Mòr cha mhòr an aon cladh a chum clàran nam marbh, gabhail a-steach dreuchd, aois, gnè agus aobhar bàis. San Iuchair 1878 thadhail trì mìle deug, seachd ceud agus fichead ‘s a trì-deug daoine air a’ chladh, dà mìle deug is ceithir fichead nan luchd-àiteachaidh agus an còrr bho àiteachan eile.

Ann an 1866 thug Taigh nam Ceannaichean an cladh agus leth-cheud mìle nòt do Chomhairle Baile Mòr Ghlaschu a tha a-nis ga rianachd agus ga chumail suas. Chaidh na beingean agus oirean nan uaighean an toirt air falbh agus a mhòr chuid den cheàrn a chur na rèidhlean airson furasdachd chumail suas.

Tha càirn-cuimhne ann dealbhaichte le prìomh h-aitirean agus snaigheadaranan an linne; Alasdair “An Greugais” MacThomais, Teàrlach Rennie Mac an Toisich agus J. T. Rothead ann a h-uile stoighle ailtireach, air a dhèanamh, chan ann a-mhàin don luchd-àiteachaidh follaiseach agus beartach an darna bhaile mhòr den impearachd, ach air an cur suas le fo-sgrìobhadh poballach do cuid den luchd-àiteachaidh nach gabhadh tiodhlagadh air mhodh eile.

Bha an Cladh Mòr Ghlaschu na cheud cladh-garraidh ach thàinig feadhainn eile as a dèidh, gabhail a-steach Cnoc an Fhradhairc ann an 1840, an Cladh mu Dheas ann an 1840 agus an Cladh Sear ann an 1847. Dh’fhosgail na Caitligich Cladh Naomh Muire ann an Coillduin ann an 1839 agus Cladh Naomh Peadar ann an Dal Beithe ann an 1851.

An-dèidh Achd Nan Cladh (Alba) ann an 1855 dhùin na seann garraidhean eaglaise agus na claidh dùmhail. B’e Baile’ a’ Chreig ann an 1873, Cathcart ann an 1878, Cnoc nan Uan (ceithir fichead is a coig acair) ann an 1881, an Cladh Siar ann an 1882 agus Cladh Naomh Ceanntighearna ann an 1882 (air taobh iar-thuath a’ bhaile) na cheud den claidh ùra air iomall a’ bhaile. B’e Taigh-losgaidh Ghlaschu a’ cheud taigh-losgaidh a chaidh thogail ann an Alba aig an Cladh Siar ann an 1895.